

am foghar 2012
autumn 2012

Facal-toisich bho Mhagaidh Wentworth, Oifigear Phàrant Foreword from Magaidh Wentworth, Parental Officer

Fàilte gu iris an Fhoghair de chuairt-litir Chomann nam Pàrant.

Tha mi an dòchas gu robh deagh shaor-làithean agaibh san Dàmhair agus gun do chòrd am Mòd ris an fheadhainn a fhuair an cothrom a bhith ann an Dùn Omhain. Bha e math a bhith a' leughadh anns na pàipearan-naidheachd gu robh fear de bhrithreamhan a' Mhòid dhen bheachd gu robh piseach mhòr air tighinn air sgilean Gàidhlig làitheil na cloinne aig Mòd na bliadhna seo. Tha seo na mhisneachd agus na dheagh chomharradh air soirbheachas Foghlam Meadhan Gàidhlig. Nach math a rinn sibh uile! Airson beachdan Ailein Caimbeil, Prìomh Bhrithreamh, a leughadh gu h-iomlan, tadhailibh air

<http://engageforeducation.org/2012/10/guest-blog-high-standards-at-the-royal-national-mod/>

Tha cùisean air a bhith beagan nas sàmhaiche airson na comhairlichean phàrant thairis air mìosan an t-samhraidh ach tha an obair air a bhith a' cumail a' dol. Sa chuairt-litir seo, faodaidh sibh leughadh mu chuid de na tha iad air a bhith dèanamh agus, cuideachd, na tha san amhairc aca airson an tèirm a tha romhainn.

Tha sinn an dòchas gum bi a' chuairt-litir fiosrachail dhuibh agus 's dòcha gum faigh sibh beachdan airson gnìomhan no pròiseactan a bhiodh freagarach dhan bhuidheann Comann nam Pàrant agaibh fhèin.

Welcome to the Autumn edition of the Comann nam Pàrant newsletter.

I hope that you all had a good October break and that those of you who managed to the Mod in Dunoon enjoyed the experience. It was nice to read in the press of one of this year's adjudicators saying that he had witnessed a big improvement in the everyday language skills of children at the mod and that this was an encouraging testament to Gaelic medium education. Well done all! To read Allan Campbell, Senior Adjudicator's thoughts in full visit

<http://engageforeducation.org/2012/10/guest-blog-high-standards-at-the-royal-national-mod/>

Our parent advisors have been a bit quieter over the summer months but have continued with the work and you can read about some of their activities and plans for the coming term in this newsletter.

We hope that you find the newsletter informative and maybe get some ideas for activities or projects for your Comann nam Pàrant group.



Latha Gaidhlig, 2012
Gaelic Day, 2012

Sgeama Comhairleachaidh Phàrant Parental Advisory Scheme

Tha Àm airson Rann, ann an Leabharlann Inbhir Pheofharain agus, rè Seachdain Leabhraichean Alba, seisean Bookbug Gàidhlig, le chèile aig 11.00m. Tha seo air a bhith soirbheachail ann a bhith a' coinneachadh ri teaghlaichean ùra mus tòisich iad ann am buidheann ro-sgoile sam bith (san sgìre seo co-dhiù). Eadar an Fhaoilleach agus a' Mhàrt, tha sinn an dùil seisean fiosrachaidh/ro-chlàraidh a chumail sa Chròileagan cho math ri seisean fosgailte/fiosrachaidh sa bhun-sgoile, leis an dà sheisean a' gabhail àite ron àm clàraidh airson na roinne ro-sgoile. Tha seo a' toirt cothrom do theaghlaichean beachdachadh air FMG agus faicinn ciamar a tha e ag obrachadh mus tig iad gu co-dhùnadh a thaobh faoghlam ro-sgoile/bun-sgoile na cloinne. Mar seo, bidh iad a' tighinn gu co-dhùnadh fiosraichte! Airson fiosrachadh mu thachartasan ann an sgìre Inbhir Pheofharain, cuiribh fios gu Ceitidh Hutton aig Ceitidh.hutton@tiscali.co.uk

Gaelic Rhyme Time Dingwall Library, and during Scottish Book Week a Gaelic Bookbug session, both start at 11.00a.m. This is proving a good way to find new families before they have accessed any pre-school group (at least in this area). During Jan-March we are planning to have an information/pre-registration session at the Croileagan and an open/information session at the primary both to take place before registration dates for pre-school. This way it gives families a chance to think about Gaelic Medium and see how it works before they have to sign the dotted line regarding their children and pre-school/primary school education, an informed choice! For information on events in the Dingwall area contact Ceitidh Hutton Ceitidh.hutton@tiscali.co.uk

Air Disathairne 22 Sultain, chuir pàrantan agus clann seachad feasgar teaghlaich spòrsail ann an Ionad Spòrs Leòdhais an Steòrnabhagh. Tha an tachartas seo, a tha ga chumail dà uair sa bliadhna, air sìor fhàs soirbheachail thairis air an trì bliadhna chaidh seachad. Fhuair pàrantan a-rithist an cothrom bruidhinn ri diofar bhuidhnean Gàidhlig a thaobh de an taic agus stuthan a tha ri fhaighinn dhaibh fhèin agus dhan cuid cloinne, mas e 's gun tagh iad foghlam Gàidhlig. Tha iad cuideachd a' faighinn fiosrachadh mu na buannachdan a thig an lùib FMG agus foghlam dà-chànanach. Bha a' chlann cuideachd air an deagh choimhead às an dèidh, le cur-seachadan an-asgaidh leithid caisteal buingeil, peantadh aodainn agus bòrd ealain.

Thuir Iona Nic an t-Sagairt, Oifigear Foghlam Meadhan Gàidhlig le CnaG agus Comhairle nan Eilean Siar, gu robh i air leth toilichte leis mar a chaidh an latha. "Bha e math cothrom fhaighinn bruidhinn ri uibhir de phàrantan aig an robh ùidh dha-ribh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig dhan cuid chloinne. Tha sinne airson a dhèanamh soilleir gu bheil FMG fosgailte dhan na h-uile – chan ann dìreach do fhileantaich – agus, gu dearbh, tha mòran de na sgoilearan a tha mar-thà an lùib an t-siostam a' tighinn bho theaghlaichean far nach eil facal Gàidhlig san dachaigh. Bu mhath leam taing a thoirt dhan a h-uile neach a ghabh compàirt san latha agus a chuir ri cho soirbheachail sa bha cùisean." An làthair / a' cur taic ris an tachartas air an latha, bha Comhairle nan Eilean Siar, Stòrlann agus Acair.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Foghlam Meadhan Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar, cuiribh fios gu Iona air 01851701802 no air post-d aig iona@cnag.org.uk

Parents and children enjoyed a Gaelic family fun afternoon in Ionad Spòrs Leòdhais in Stornoway on Saturday 22nd September. The bi-annual event has gone from strength to strength over the last 3 years. Parents again had the opportunity to talk to different Gaelic organisations about what support and resources were available for their kids, and indeed themselves, if they were to choose Gaelic Medium Education, and the benefits that GME and bilingual education gives. The kids themselves were well entertained with a free bouncy castle, face painting and an art table.

Iona Mactaggart, Gaelic Medium Education Officer with CnaG and Comhairle nan Eilean Siar, said that she was delighted with how the day had gone. "It was great to be able to speak to so many parents who were showing a genuine interest in choosing Gaelic Medium Education for their children. We want to emphasise that Gaelic Medium Education is for everyone- not just for fluent speakers-and indeed many pupils currently going through Gaelic Medium come from families where there is no Gaelic in the home. I'd also like to thank all those who took part in the day to make it a success." Attending / Supporting the event on the day were Comhairle nan Eilean Siar, Stòrlann and Acair.

For further information on Gaelic Medium Education in the Western Isles please contact Iona on 01851701802 or e-mail iona@cnag.org.uk



Ceilidh aig seachdain Gaidhlig, Dhùn-Eideann
Ceilidh at Edinburgh Gaelic Week.



Cothrom Maoinachaidh Funding Opportunity

'S e prògam thabhartasan, air a ruith eadar Riaghaltas na h-Alba agus am Big Lottery Fund an Alba, a th' anns a' Mhaoin Coimhearsnachd is Teaghlaich. Bheir a' mhaoin taic do phròiseactan ionadail a bheir taic do theaghlaichean is choimhearsnachdan le bhith a' toirt na cothroman as fheàrr do chloinn aig toiseach am beatha.

Faodaidh buidhnean iarrtas a chur a-steach airson tabhartas eadar £250 agus £10,000 airson pròiseact 12 mìosan ma fhreagras air aon de na toraidhean a leanas:

- A bheir piseach air mathais beatha chloinne (ro-bhreith gu 8) le bhith a' tabhann cothrom nas fheàrr air ionnsachadh tràth, cluiche agus taic slainte do phàiste is mhàthair
- A bheir comas do choimhearsnachdan taic do theaghlaichean a dhealbh agus a libhrigeadh

Tha sinn a' cuimseachadh maoinachadh gus buannachd a thoirt do chloinn, no pàrantan is teaghlaichean chloinne, a tha ochd bliadhna dh'aois agus nas òige. Seo eisimpleirean de na seòrsachan pròiseact ionadail a bhiodh sinn airson a mhaoinachadh:

- Pròiseactan taic agus leasachadh pàrantachd
- Pròiseactan cluiche coimhearsnachd
- Pròiseactan a chuireas taic ri beathachadh nas fhallaine do chloinn òga
- Pròiseactan cùram-cloinne agus taic teaghlaich stèidhte sa choimhearsnachd

The Communities and Families Fund is a grants programme funded jointly by the Scottish Government and the Big Lottery Fund in Scotland. The fund will support local projects that help families and communities give children the best start in life.

Organisations can apply for a grant of between £250 and £10,000 for a 12 month project that will meet at least one of the following outcomes:

- Improve the quality of life of children (pre-birth to 8) through greater access to early learning, play and child and maternal health support
- Enable communities to shape and deliver support for families.

We are concentrating funding on projects that benefit children, or parents and families of children, who are eight years and under. Examples of the types of local projects that we want to fund include:

- Parenting support and development projects
- Community play projects
- Projects that support better nutrition for young children
- Community-based family support and childcare projects.

www.biglotteryfund.org.uk

Bookbug

Thoisich seiseanan Bookbug Gàidhlig an-uiridh anns an Òban ach tha iad a-nis rim faighinn thairis air Earra-Ghàidheal agus a' Ghàidhealtachd. Tha na seiseanan seo a' toirt cothrom do phàrantan a' chànan ionnsachadh ann an dòigh spòrsail agus neo-fhoirmeil còmhla ris a' chloinn aca. Gabhaidh iad rannan is òrain is cluichidh iad geamannan a' chleachdadh pupaidean, gluasadan agus Lycra. Tha iad air an taghadh gu mionaideach gus a bheil iad furasta an teagasg do theaghlaichean aig nach eil Gàidhlig. Tha na seiseanan fosgailte do dhaoine sam bith agus tha iad a' sealltainn dìreach cho furasta sa tha e do chloinn (agus pàrantan) canan ùr ionnsachadh.

Tha gach seisean cuideachd a' dèanamh sgeulachdan far a leugh iad leabhar thairis air 4-5 seachdainean gus a bheil na pàrantan comhfhurtail na faclan fhuaimneachadh agus an sgeulachd a leughadh air ais do 'n chloinn aca aig an taigh. Thèid eadar-theangaichean de òrain Bheurla ainmeil a' chleachdadh gus a dh' fhaod pàrantan abairtean fheumail ionnsachadh. Cuideachd, gheibh iad leabhraichean beaga le cànan, dealbhan, abairtean agus eadar-theangaichean ann airson an cuideachadh aig an taigh.

Ma tha ùidh agad ann an seisean Bookbug, nach cuir sibh fios do'n leabharlann no oifigear tràth bhliadhnaichean aig Bòrd na Gàidhlig early years team.

Gaelic Bookbug sessions started in Oban last year and are now spreading across Argyll and the Highlands. They give parents the opportunity to learn the language alongside their children in a fun, informal way. Songs, rhymes and games incorporating movement, actions, puppets, props and Lycra are used and are carefully chosen so that they are easily learnt by families who do not speak Gaelic. The sessions are open to everyone and give a flavour of just how easily children (and parents!) can learn a new language.

Each session includes a story-time, where parents are given books to read over 4-5 weeks until they are confident pronouncing the words and reading the book to their children at home. Translations of well-known English songs are used to help parents pick up useful phrases and booklets comprising of Gaelic words, translations, pictures and phonetics have been produced to assist them at home. More information on the Gaelic Bookbug sessions are available from the Bòrd na Gàidhlig early years team.





Comann nam Pàrant ann an Glaschu Comann nam Pàrant in Glasgow

Tha am bun-sgoil ùr Gàidhlig air a bheilear a' beachdachadh aig cridhe na tha a' gabhail àite aig CnamP Ghlaschu agus tha sinn air a bhith an sàs ann am iomairt ro-cho-chomhairleachaidh, a' coimhead air sgoil ùr a dheigheadh a thogail an ceann a deas a' bhaile. Tòisichidh an co-chomhairleachadh poblach ro dheireadh na bliadhna, mus tòisich Comhairle Bhaile Ghlaschu gu foirmeil a' gluasad air cùisean tràth sa bhliadhna ùir. Thathar an dòchas gum bi an sgoil deiseil airson a' chiad bhuidheann de sgoilearan ann an 2015.

Ged a tha sinn a' cur fàilte air an àrdachadh de dh'ùidh a th' ann am FMG an Glaschu, dh'fhaodadh e duilgheadasan adhbharachadh san àm ri teachd do theaghlaichean ùr a tha a' fuireach taobh a-muigh a' bhaile far nach eil FMG ri fhaighinn. Tha Comhairle Bhaile Ghlaschu air a dhèanamh soilleir gu bheil e mar phrìomhachas acasan a bhith a' tabhann seirbheisean do dhaoine a tha a' fuireach sa bhaile agus gur dòcha gum feum iad stad no cuingealachadh a chur air iarrtasan airson àite sgoile dhaibhsan a tha a' fuireach taobh a-muigh crìochan a' bhaile.

Thog tachartas soirbheachail, a chaidh a chur air dòigh le Elaine Michie airson CnamP, còrr is £600 aig deireadh na bliadhna sgoile a chaidh seachad agus tha cuideachd dìosgo ga chur air dòigh airson Oidhche Shamhna.

Tha sinn a' cur fàilte air Kirsty Birr chun an sgeama comhairleachaidh phàrant againn. Tha ar comhairlichean air a bhith trang a' togail aire dhaoine gu FMG aig tachartasan mòra air feadh a' bhaile, cho math ri bhith a' bruidhinn ri sgoiltean-àraich ionadail.

The proposed new Gaelic primary school continues to be the main focus of CnamP Glaschu and we have been engaged in the pre-consultation process looking at the new proposed primary to be built in the city's south side. A public consultation will take place before the end of the year before Glasgow city council formally start the process of moving forward in early next year. It is hoped that the school will be have its first intake of pupils in 2015.

The increase in interest in GME in Glasgow whilst very welcome could lead to problems in the future for new families in neighbouring councils who don't provide GME as Glasgow City Council has told us that their priority, which has always been for their residents, may have to stop or restrict accepting placing requests from beyond its boundary.



A successful event run by Elaine Michie for CnamP raised over £600 at the end of the last school year and there's another disco being run for Halloween.

We welcome the addition of Kirsty Birr to the parental advisory scheme and our advisors have been busy promoting GME at major events in the city as well as contacting local nurseries.



Deuchainn Measaidh Fuaimneachaidh Gàidhlig Gaelic Phonological Screening Test

Gabhaidh sgilean fuaimneachaidh chloinne ann an foghlam meadhan Gàidhlig a-nis am measadh sa Ghàidhlig leis an deasachadh de Dheuchainn Measaidh Fuaimneachaidh Gàidhlig, a chaidh a sgrìobhadh le Dr Fiona Lyon, eòlaiche fiosrachail agus fìor-eòlaiche ann an doille-fhaclan. Bidh an deuchainn, a ghabhas a chur le tidsearan air cloinn ann am P2-3, na chuideachadh ann a bhith ag aithneachadh sgoilearan le duilgheadasan cho tràth sas urrainn agus a bheir cothrom rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn mus tòisich duilgheadasan nas miosa a' nochdadh. Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn aig <http://www.gl-assessment.co.uk/products/gaelic-phonological-screening-test>



The phonological skills of children in Gaelic medium education can now be tested in Gaelic with the development of a new Gaelic Phonological Screening Test, authored by Dr Fiona Lyon, an experienced practitioner and dyslexia specialist. The test which may be administered by class teachers to children in P2-3 will help identify pupils with difficulties as early as possible and enable intervention before pupils develop more significant issues. More information on this at <http://www.gl-assessment.co.uk/products/gaelic-phonological-screening-test>



*Thoisich seiseanan Bookbug Gàidhlig an-uiridh anns an Òban
Gaelic Bookbug sessions started in Oban*



Rannsachadh as Ùire Latest Research

Coimeas air modailean Bogadh Cànan do Sgoilearan, Gearran 2012

Tha am pròiseact seo, a chaidh a mhaoinèachadh le Bòrd na Gàidhlig, a' dèanamh lèirmheas air an litreachas agus stiùireadh air cleachdadh as fheàrr a th' ann a thaobh bogaidh ann an teagasg clasrùm agus ionnsachadh de mhion-chànain, bho ìre ro-sgoile gu àrd-sgoil, gu h-eadar-nàiseanta agus ann an Alba. Tha an aithisg fharsaing seo air leth inntinneach, a' toirt sùil air modailean de fhoghlam bogaidh bho ghrunn dhùthchannan agus a' dèanamh corra mholaidh chudromach airson adhartas ann am foghlam meadhan Gàidhlig. Mar bhrosnachadh do phàrantan aig a bheil clann san t-siostam Gàidhlig, anns an aithisg chithear

'Tha lèirmheasan air am modail ann an Canada agus modailean eile air bogadh 'dàrna cànan' gu h-eadar-nàiseanta air trì prìomh bhuilean a chomharrachadh:

- 1 Tha sgoilearan bogaidh a' dèanamh nas fheàrr na sgoilearan ann an siostam àbhaisteach ann a bhith a' togail dàrna cànan
2. Às dèidh timcheall air sia bliadhna san sgoil, tha sgoilearan bogaidh air tighinn suas ri co-aoisean aon-chànanach, agus ann an suidheachadh fìor-bhogaidh bho aois òg, air a dhol air thoiseach, a thaobh coileanadh sa chiad chànain
- 3 Tha sgoilearan fìor-bhogaidh a' togail dàrna cànan gun droch bhuaidh sam bith a thoirt air an coileanadh ann an raointean curraicealaim eile.'

Airson an aithisg gu lèir fhaicinn, cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig.

Modailean Cànan ann am Foghlam Gàidhlig, Ro-sgoile, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile, Iuchar 2012

Tha an aithisg a' toirt tuairisgeul air pàtranan cleachdadh cànan Gàidhlig agus Beurla ann an solarachadh foghlam meadhain-Ghàidhlig aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an Alba. Tha fianais ann air cleachdadh cànan san t-seòmar-sgoile agus ann an àiteachan eile an àrainn na sgoile. Chaidh am pròiseact a mhaoinèachadh le Soillse agus Riaghaltas na h-Alba. Faic an aithisg air làrach-lìn CnP www.parant.org.uk

Comparison of language Immersion models for Pupils
February 2012

This Bòrd na Gàidhlig funded project reviews the literature and guidance on good practice in the immersion classroom teaching and learning of minority languages, from pre-school to high school, both internationally and in Scotland. This extensive report makes for interesting reading, looks at models of immersion education in a number of countries and gives a number of important recommendations for progression in Gaelic medium education. Reassuringly for parents with children in Gaelic medium from the report

'The reviews of the Canadian model and other models of 'second language' immersion internationally have identified the following three major positive outcomes:

1. Immersion students surpass mainstream students in their acquisition of a second language.
2. After approximately six years of schooling, immersion students have caught up and, in the case of early total immersion pupils, go on to exceed the first language attainment of their monolingual peers.
3. Early total immersion pupils gain a second language without any negative effect upon their performance in their other curriculum subjects.'

For the full report contact Bòrd na Gàidhlig.

Language Models in Gaelic-medium Pre-school, Primary and Secondary Education July 2012

The report describes patterns of Gaelic and English language use in Gaelic-medium pre-school, primary school and secondary school providers in Scotland. Evidence is given on language use in the classroom and in other areas of the school environment. The project was funded by Soillse and the Scottish Government. View the report on the CnP website www.parant.org.uk

Lios Luibheach Rìoghail, Dùn Èideann
Royal Botanic Gardens, Edinburgh



Co-labhairt Fòram Phàrant Nàiseanta an Alba, 2012 National Parent Forum of Scotland Conference 2012

Seo geàrr-chunntas air an latha le Aileen, a fhritheal a' cho-labhairt às leth Chomann nam Pàrant:

Chaidh a' phrìomh òraid a libhrigeadh le Dr Janet Nic Ille Dhuinn, Àrd-oifigear SQA. Bhuidinn an Dr Nic Ille Dhuinn air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus na teisteanasan ùra agus dreuchd an SQA ann a bhith a' cumail suas inbhean.

Chaidh mi gu trì bùithtean-obrach:

"Connecting for excellence" Bha seo a' toirt sùil air mar a dh'fhaodadh cothroman taobh a-muigh na sgoile an ceangal ri ionnachadh agus aithneachadh san sgoil. Chaidh a stiùireadh le daoine bhon Chompàirteachas Obair Òigridh agus Sgoile. Bha deasbad inntinneach ann a bha a' sealltainn cho eadar-dhealaichte sa tha gach sgoil. Bha e inntinneach nach robh Sradagan no Fèisean nan Gàidheal nam pàirt dhan Chompàirteachas seo.

Bha an dàrna bùth-obrach, air an robh "What? When? Why? The Future of Parental Partnership in a Changing Scottish Policy Context- Perspectives from Early Career Teachers", uabhasach brosnachail agus na mheadhan air deagh chleachdadh a thoirt am follais. Cha robh càil ann a bha sònraichte airson FMG ach bha beachdan math ann airson tidsear sam bith a bha airson pàrantan a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail compàirt ann an ionnsachadh na cloinne.

B' e "New National Qualifications: a guide for parents" a bh' air an treas bùth-obrach a fhritheal mi. Bha seo a' toirt dhuinn làn stiùireadh air ciamar a bhiodh na teisteanasan ùra a' fighe a-steach dhan sgeama teasteanais gu h-iomlan agus ciamar dìreach a dh'obraicheas iad.

Bha grunn bhuidheann an làthair a' sgaoileadh fiosrachaidh agus chuir mi seachad beagan ùine a' coimhead air na bh' aca agus a' bruidhinn riutha.

A summary of the day from Aileen who attended representing Comann nam Pàrant:

The key note address was given by Dr Janet Brown, SQA Chief Executive. Dr Brown spoke about Curriculum for excellence and the new qualifications and the SQA's role in maintaining standards.

I went to three workshops: "Connecting for excellence". This looked at ways extra curricular opportunities for children could link to learning and recognition in schools. It was led by people from Youth Work and Schools Partnership. There was an interesting discussion which highlighted how different schools are. It was interesting to note that neither Sradagan nor Fèisean nan Gàidheal are part of the Youth Work and Schools Partnership. My second workshop was entitled, "What? When? Why? The Future of Parental Partnership in a Changing Scottish Policy Context- Perspectives from Early Career Teachers". This workshop was inspiring and was an excellent showcase for some good practice. Nothing specific to GME but good ideas for any teacher wishing to motivate parents to get involved in their child's learning.

Workshop three was "New National Qualifications: a guide for parents". A fairly comprehensive guide to where the new qualifications will sit in the whole scheme of qualifications available and how they will work in practice. There were a number of organisations displaying information in the Marketplace and I had a look and a chat with a number of these.



Co-labhairt Fòram Phàrant Nàiseanta an Alba, 2012
National Parent Forum of Scotland Conference 2012



Cha leig leas uallach a bhith oirbh mu thaic a bharrachd san sgoile Extra support in school needn't be a worry

Ma tha ur pàiste a' frithealadh foghlam meadhan Gàidhlig agus ma tha sibh den bheachd gu bheil iad feumach air beagan a bharrachd taic len ionnsachadh, leughaidh seo. 'S dòcha gum bi e feumail dhuibh.....

Ann an Alba, tha sinn fortanach gu bheil achd ann (ris an canar Achd Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh no Achd ASL) a chaidh a stèidheachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile pàiste a' faighinn an taic a tha dhith san sgoil, gun ghuth air carson a tha an taic a dhith orra. Tha na dleasan agus na còirichean taobh a-staigh an reachdais a' bualadh air clann ge brith a bheil iad a' frithealadh foghlam meadhan Gàidhlig no Beurla (fhad 's a tha an t-ùghdarras ionadail cunntasach airson a cuid foghlaim).

'S e an rud a tha math mun Achd ASL gu bheil e a' toirt còirichean sònraichte do phàrantan fon lagh, leithid an comas iarraidh air an ùghdarras foghlaim ionadail pàiste a mheasadh gus dèanamh a-mach a bheil feumalachdan taic a bharrachd aca. Tha e cuideachd a' cur ùghdarrasan foghlaim fo chùram dèanamh cinnteach gun tèid na feumalachdan sin a choinneachadh. Tha coir air pàrantan air fiosrachadh mu fheumalachdan an cuid cloinne agus ma tha iad ag iarraidh neach-taic no riochdaire a bhith aig coinneamh leis an sgoil no an ùghdarras ionadail.

Cuideachd, tha e math gu bheil sibheis ann ris an canar Enquire, gus cuideachadh a thabhann ma tha uallach no ceistean sam bith oirbh.

Tha Catriona NicThòmais, Oifigear Leasachaidh, a' mìneachadh an seòrsa taic a tha Enquire a' tabhann:

"Tha eòlas farsaing aig Enquire ann a bhith a' cuideachadh phàrantan is luchd-cùraim gus tuigsinn còirichean na cloinne a thaobh taic a bharrachd airson ionnsachadh agus ann a bhith a' toirt comhairle airson dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan taic a bharrachd na cloinne air an coinneachadh.

Faodaidh pàrantan fios a chur oirnn air am fòn no air post-d. Tha an loidhne-cuideachaidh air a ruith le comhairlichean a fhuair trèanadh agus èistidh iad agus bheir iad seachad comhairle do phàrantan ann an dòigh a tha mothachail. Tha, cuideachd, mòran iùilean is bileagan-fiosrachaidh againn a' mìneachadh taic a bharrachd airson ionnsachadh."

Tha Catriona cuideachd ga dhèanamh soilleir nach ann a mhàin do phàrantan is luchd-cùraim a tha Enquire. Tha fiosrachadh ann cuideachd airson nan daoine òga fhèin:

"Tha sinn a' tabhann raon farsaing de iùilean do chloinn is do dhaoine òga, far am faigh iad beachd a thaobh cò ris am bruidhinn iad airson cuideachadh, comhairle mu bhith a' fàgail no a' gluasad bho sgoil, stiùireadh mu bhith a' dol gu coinneamhan sgoile agus fiosrachadh eile mu bhith a' faighinn taic a bharrachd. Tha cuideachd làrach-lìn tarraingeach againn do dh'òigridh far a bheil blogs, podcasts, bhidiothan agus stiùir mu bhuidhnean òigridh ionadail.

Mar sin, ge brith dè a' cheist a th' agaibh, feuchaidh gun leig sibh fios thugainn. Tha Enquire an seo dhuibhse."

Airson loidhne-taic Enquire a chleachdadh, fònaibh: 0845 123 2303 no tadhailbh air an làrach-lìn: www.enquire.org.uk

If your child attends Gaelic Medium Education and you think they might need extra help with their learning, then read on: you might find this article useful.....

In Scotland, we are lucky as there is a law (called the Additional Support for Learning Act or ASL Act) that was created to make sure that all children get the help they need in school, regardless of the reason they need help. The duties and rights within the law apply to children regardless of whether they attend Gaelic or English Medium Education (as long as the local education authority is responsible for their education.)

The good thing about the ASL Act is that it gives parents certain rights under the law, including the right to ask the local education authority to assess their child to see if they have additional support needs. It also puts education authorities under a duty to make sure these needs are met. Parents have the right to information about their child's needs and if they want have a supporter or representative at any meeting with the school or local authority.

The other great news is that there is a service called **Enquire** to help you with any worries or concerns that you might have.

Catriona Thomson, Development Officer explains the help that Enquire can offer:

"Enquire has lots of experience of helping parents and carers understand their child's right to additional support for learning and providing advice on how they can make sure their child's additional support needs are met.

Parents can contact our helpline by telephone or by email. Our helpline is staffed by trained advisors who listen and provide advice and information to parents in a sensitive manner. We've also got lots of guides and factsheets explaining additional support for learning."

Catriona also points out that Enquire is not just about advising parents and carers. It also has information for young people themselves:

"We offer a great range of guides for children and young people, where they can find ideas for people who could

help, advice about changing or leaving school, tips for going to school meetings and other information about

getting extra help. We also have a popular young people's website, which has blogs, podcasts, videos, and a directory of local youth clubs.

So whatever your question, please get in touch, Enquire is here for you."

To contact the Enquire helpline call: 0845 123 2303 or to visit the website: www.enquire.org.uk

Enquire
THE SCOTTISH ADVICE SERVICE FOR
ADDITIONAL SUPPORT FOR LEARNING



Curraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) Curriculum for Excellence

Tha sinn airson fios a thoirt dhuibh mu iomairt nàiseanta a tha ag amas air pàrantan is luchd-cùraim a chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn CfE nas fheàrr agus ciamar as urrainn dhaibh a dhol an sàs nas motha ann an ionnsachadh na cloinne, a' stiùireadh phàrantan gu làrach-lìn Parentzone agus sgoil na cloinne airson barrachd fiosrachaidh.

Chaidh measgachadh de stuthan

an cur air dòigh airson taic a thoirt do sgoiltean, nam measg sgrìobhan fiosrachaidh CfE air

Foghlam Coitcheann Farsaing, a chaidh a sgrìobhadh do phàrantan, agus post-air foisrachaidh. Tha sgoiltean a-nis a' faighinn leth-bhreacan cruaidhe de na sgrìobhain seo. Airson cuideam a chur air an fhoillseachaidh, chaidh postairean cuideachd an cur gu leabharlainn, ionadan slàinte agus ionadan spòrs le ùghdarrasan ionadail gus aire phàrantan is luchd-cùraim a tharraing leis an tiotal: 'bi ag cridhe ionnsachadh do phàiste' agus a' phrìomh theachdaireachd 'Tha clann a' dèanamh nas fheàrr nuair a tha teaghlachan a' toirt taic dhan ionnsachadh.'

Tha fiosrachadh a bharrachd airson a cho-roinn agus airson deasbairead a spionnadh am measg phàrantan is luchd-cùraim ri fhaighinn air làrach-lìn Parentzone - <http://www.educationscotland.gov.uk/parentzone>

We want to let you know about a national campaign which aims to help parents and carers develop a better understanding of CfE and how they can become more involved in their child's learning, directing parents to the Parentzone website and to their child's school for further information.

Be at the heart of your child's learning.



A selection of materials have been developed to support schools including a CfE Briefing document

on Broad General Education which has been written for parents and a promotional poster. Schools are now receiving hard copies of both of these documents. To complement the launch, posters have also been sent to libraries, doctor's surgeries and local authority sports centres to raise the awareness of parents and carers with the strapline: 'be at the heart of your child's learning' and the key message that 'Children do better when families support their learning'.

Additional information to share and prompt discussion with parents and carers on Curriculum for Excellence can be found on the Parentzone website - <http://www.educationscotland.gov.uk/parentzone>

Turas Ghlaschu — 30 Samhain – 2 Dùbhlachd Glasgow Trip — 30th November – 2nd December

Fosgailte gu sgoilearan S1-S4 -
Cosgais £70

Tha turas againn a Ghlaschu agus fàilte oirbh uile! Tha sinn an dòchas òigridh a thoirt còmhla bho air feadh na dùthcha. Tha tòrr ri dhèanamh ann an Glaschu agus tha spòrs mòr gu bhith romhainn.



Open to young people from S1 to S4 -
Cost £70

We are arranging a residential trip to Glasgow open to Gaelic speaking young people and it'd be great to have you along! We hope to bring young people from all round the country together.

Tha clàr-ama glè thrang againn gabhail a-steach na leanas;

- Cuairt a dh'fhaicinn solais Nollaige aig Ceàrnag Sheòrais
- Cuirme-ciùil le Macanta agus cothrom tachairt ri sgoilearan Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
- An Taigh-tasgaidh Còmhdhail
- Bùithtean Ghlaschu
- Taigh dealbh no bòbhladh
- Ùine gu leòr eòlas a chuir air caraidean ùra!

Bidh sinn a' fuireach anns an ostail òigridh sa bhaile.

There's plenty to do in Glasgow and a fun trip ahead. A busy itinerary is planned including the following;

- Trip to see Christmas lights at George Square
- Concert with Macanta and chance to meet pupils from Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
- The Transport Museum
- Bowling or cinema
- Time to get to know new friends!

We'll be staying in a youth hostel in the city.



<http://www.cnag.org/gd/glaschu-2012>

<http://www.cnag.org/en/glasgow-2012>

Comann nam Pàrant

5 Caolshràid Mhìcheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-làimhe: 07771834481
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481

www.parant.org.uk

